

Coinneamh: Comataidh Sgrùdaidh agus Dearbhachd
Ceann-là/Àm: 25 Samhain 2025 aig 09:30
Àite: Microsoft Teams

Geàrr-chunntas – Seisean Fosgailte

1. Cùisean Tòiseachaidh

1.1. Fàilte is Leisgeulan

Buill Comataidh an làthair:

Stewart MacLeòid (Cathraiche) [SML]

Dòmhnall K Mac a' Phì {DKM}

Rob MacFhionghuin [RM]

An làthair:

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra [NP]

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard [EM]

Calum Rothach, Ceannard Foghlaim is Phlanaichean [CR]

Peter Clark, wbg, Luchd-in-sgrùdaidh [PC]

Esther Scoburgh, Sgrùdadh Alba [ES]

Leisgeulan:

Rob Dunbar

Geàrr-chunntas:

Nicola NicThòmais, Lasair Eta.

Chuir an Cathraiche fàilte air a h-uile duine chun na coinneimh.

1.2. A' nochdadh com-pàirt

Cha robh gin ann.

1.3. Gnothach Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

Cha deach gnothach sam bith eile a chur air adhart.

2. Molaidhean Sgrùdaidh

2.1 Molaidhean In-sgrùdaidh

Bhruidhinn NP mun phàipear anns an robh ceithir molaidhean sgrùdaidh a bha fhathast rin crìochnachadh, a bha air tighinn às na lèirmheasan a rinneadh bho chionn ghoirid air aithisgean air an taobh a-staigh ann an 2.2.

Plana Freagairt Tachartasan-saidhbear.

Thug na buill fa-near gum biodh NP agus a' bhuidheann Riosg is Seasmhachd an sàs ann an deasachadh a' phlana.

Trèanadh Luchd-gleidhidh Buidseit

Tha na sgilean riatanach aig a h-uile neach-gleidhidh buidseit, ach thèid sgilean iomchaidh a thaobh riaghlaidh buidseit a thabhann do mhanaidsearan mar phàirt de na planaichean trèanaidh aca, far a bheil sin iomchaidh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich na Buill am pàipear.

2.2 Aithisgean In-sgrùdaidh Bliadhna

Chaidh fàilte a chur air Peter Clark chun na coinneimh, mar fhear de na na Stiùirichean Sgrùdaidh aig wbg Bhruidhinn PC mun dà aithisg:

Aithris Buidseit is Ionmhasail

Chaidh ìre barantachaidh **làidir** a thoirt seachad le dà mholadh aig ìre ìosal mar a leanas:

- Dòighean-obrach a thaobh Cunntasan Stiùiridh Miosail - gu bhith ann airson a' Ghearrain 2026
- Trèanadh Luchd-gleidhidh Buidseit - an Gearran 2026.

[Thug na Buill fa-near às dèidh sin gun deach trèanadh buidseit a chumail ach nach deach am fiosrachadh a thoirt dhan Luchd-sgrùdaidh a chionn 's nach robh mòran tìde ann gus

freagairt.] Dh'aontaich an Luchd-sgrùdadh iar-theacsa a chur ris an aithisg mu dheidhinn sin. Dh'aontaich an Sgioba pròiseasan a dhaingneachadh a thaobh iarrtasan airson fiosrachadh san àm ri teachd.

Tèarainteachd Shaidhbear

Chaidh ìre barantachaidh **shusbainteach** a thoirt seachad le aon mholadh aig ìre ìosal agus aon mholadh aig ìre mheadhanach.

- Plana Freagairt Tachartasan-saidhbear (ìre mheadhanach)
- Sèineachan-solair – neartaich modhan-obrach airson a bhith a' sgrùdadh tèarainteachd saidhbear nan sèineachan-solair, gu bhith an sàs tràth sa Ghearran 2026.

Dh'fhaighnich Buill am bu chòir dhan Sgioba a bhith an sàs ann an taobh sònraichte sam bith den Phlana Freagairt Tachartasan-saidhbear. Dhearbh PC gum bu chòir slighean conaltraidh is àrdachaidh, dreuchdan, dleasan, amannan ath-bheothachaidh is amannan gus gnìomhan a ghabhail uile a bhith ann agus leis cho mòr 's a tha an Sgioba, gum bu chòir dhan Phlana a bhith goirid is pongail.

Chaidh taing a thoirt do PC agus Sgioba BnG airson na rinn iad airson an dà aithisg dheimhinneach seo.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich na buill an dà aithisg in-sgrùdaidh.

3. Rianachd Mhì-chinntean

3.1 Riaghladh Mhì-chinntean Ro-innleachdail

Chan eil atharrachadh sam bith air a bhith ann an Clàr nam Mì-chinntean bho choinneamh a' Bhùird san Dàmhair a thaobh coltachd, buaidh na h-aithris.

Dh'fhaighnich Buill am biodh buaidh sam bith aig an Achd ùir air Clàr nam Mì-chinntean. Thòisich na ciad òrdughan tòiseachadh air 28 Samhain ach chan eil atharrachadh sam bith ann gu ruige seo. Ach, bidh riaghladh atharrachaidh mòr ann san àm ri teachd, le

taghadh air fàire cuideachd, ach chaidh dearbhadh do Bhuill gum bhiodh na h-aon chuspairean ann.

Chaidh am briathrachas atharrachadh fo phuing 6, gus am biodh e a' gabhail a-steach an ainm cheart aig a' Phlana Freagairt Tachartasan-saidhbear.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' chlàr mhì-chinntean.

4. Riaghladh

4.1 Plana obrach Comataidh Sgrùdadh is Dearbhachd

Thug NP sealladh farsaing seachad air a' Phlana obrach. Cha robh ach aon atharrachadh ann - an t-ath-sgrùdadh bhon taobh a-muigh air a' chomataidh, a thòisicheas rè a' chairteil mu dheireadh de 2025 agus a dh'aithriseas chun na comataidh rè na bliadhna ionmhais a tha romhainn. Thug buill fa-near gum bi feum air 3 cuòtaichean airson na h-obrach seo.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich na Buill am pàipear.

Thug an Cathraiche taing dhan a h-uile duine a bha an làthair airson na chuir iad ris a' choinneimh agus dhùin a' choinneamh aig 10.07m.

Ceann-latha na h-ath choinneimh: 24//02/2026

Deireadh an t-Seisein